

An Naidheachd Againne

The Newsletter of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Gaelic Society

An Samhradh 2015, Leabhar XXXI Àireamh 2
Summer 2015, Volume XXXI, No. 2

Am faca sibh “Ruidhle an Fhìdhleir,” 2011 film goirid à Ceap Breatainn? Seo an fhìdhleir fhèin, Patrick Bennett, agus innse dhuinn mu dheidhinn cuideigin gu sònraichte brìgheil na bheatha phearsanta. Tha e a’ cleachdadh modh sgrìobhaidh a tha cumanta ann an Ceap Breatainn.

Did you see the short 2011 Cape Breton movie “The Fiddler’s Reel”? Here’s the fiddler himself, Patrick Bennett, to tell us about someone very significant in his personal life. He is using written forms in current use in Cape Breton.

Càirdean

le Pàdraig Bennett

Bho chionn ghoirid dh’eug sàr-charaid dhomh fhìn. ’S e Màiri NicIlleLeathan an t-ainm a bh’ oirre. Nuair a thachair mi rith’, bha i ’na cailleach. Cha robh sinn aig an aon aois idir, chan eil mi fhìn ach 32 an-diugh, ach bha sinn mòr aig a chéile co-dhiù. ’S e seòrs’ de chompanach dhomh eadar seanmhair ’s caraid a bh’ innte. Bho’n a thòisich mi air Gàidhlig a thogail, bha mi gu math measail air òrain Ghàidhlig a ghabhail, ’s mar sin ’s gann gun deach luathadh air adhart far nach robh mi fhìn ann. Bha Màiri aig an luadh a bha seo ann an Uaiseabuc, àite beag ann an Ceap Breatuinn. B’ àbhaist dhi fuireach ann an Uaiseabuc Ìosal. Dh’fhaoidte gun do chuir cuideigin sinn an aithe dha chéile, ach cha do bhruidhinn sinn



Patrick and Marie

Paula DiSimone

Friends

by Patrick Bennett

Recently a very close friend of mine passed on. Marie MacLean was her name. When I met her she was on in years. We weren’t the same age at all as I’m only 32 now, but we got along great. To me she was a companion somewhere between a grandmother and a friend. Ever since I started learning Gaelic I was very keen to sing Gaelic songs, and as such, not many milling frolics went on where I wasn’t in attendance. Marie was at this one milling frolic in Washabuck, a small community in Cape Breton. She used to live in Lower Washabuck. Perhaps someone introduced us to each other then,

In This Issue

Litir bho’n Cheann-Suidhe/Letter from the President.....	4
2015 Board of Directors Election Results	5
Turas a dh’Alba Nuadh.....	6
Dr. Anne Lorne Gillies, Saltire Society Award	8
Jam Gàidheil na h-Albann Nuaidh 2015.....	9
Cape Breton Oatcakes (Bilingual Recipe).....	11
Criomagan	12
Turas a Bharraigh	13
Youth Page.....	14
Cha Bu Mhiste Sinn Leabhar Na Tri	15
Dè Do Naidheachd?	16
Dè Tha Dol?	18

Go to <http://www.acgamerica.org> for more information on upcoming ACGA events and other Gaelic-related activities.

móran idir. Aig an àm 'ud, bha i fuireach còmhla r' a nighean agus an duine aice ann a' Haileafags. 'S ann a bha mise a' fuireach ann a' Haileafags cuideachd.

Latha bha seo, thuirt duine a nighean ri Màiri, "Bha mi 'feitheamh ris a' bhus 's a' mhadainn an-diugh agus chunna mi a' fear a bha seinn aig a' luadhann ann an Uaiseabuc, fear air a bheil feusag 's falt donn, dualach."

"Feumaidh 's gu bheil e 'fuireach teann oirnn," fhreagair Màiri.

Sin mar a bha e fad mìos na dhà. Bhiodh iad 'gam fhaicinn a' sìod 's a' seo bho àm gu àm, ach latha bha seo, thuit gun tàinig banaltram a dh'ionnsaigh taigh Màiri. Dh'aithnich a' bhanaltram blàs Gàidhlig air a' Bheurla aig Màiri 's dh'fhoighneachd i dhi, "Are you from Cape Breton?"

"I am!" ars' ise.

"Uill, a bheil Gàidhlig agaibh?"

"Gàidhlig bho'n ghluin," ars' Màiri.

Bha a' bhanaltram a' togail na Gàidhlig. An ceann tacain, dh'fhoighneachd Màiri dhi, "Bhon a tha thu eòlach air poidhle do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann a' Haileafags, dh'fhaoidte gu bheil thu eòlach air fear òg, car mór, air a bheil falt donn, dualach agus fiasag air."

"Tha! Tha mi gu math eòlach air. 'S e Pàdraig Bennett a th' ann agus tha e 'fuireach 's an togalach mór condo ma dh'fhaoidte *block* na dhà bho'n àite seo."

Cha robh e fada mun d' fhuair mi àireamh fòn aig Màiri bho'n a' bhanaltram. 'Na dheaghaidh sin, chuir mi fhìn 's té eile céilidh oirre. Bha sinn 'nar caraidean gu luath. Dh'ionnsaich mi poidhle bhuaipe: Gàidhlig, sgeulachdan, fuine, agus bha sinn gu math trom air na cairtean, cribbage mar bu trice. Tha an teaghlach aice a nisd mar theaghlach dhomh fhìn cuideachd. Bidh sinn còmhla airson co-laithean breith, suipearan, lathaichean sònraichte 's bidh 'ad uile aig a' bhanais agam dar a phòsas mi 's a' Chéitean.

Ged nach robh sinn càirdeach dha chéile idir, b' i mo sheanmhair. Bha mi uile gu léir fortanach gu robh triùir sheanmhairean agam, agus a bharrachd air a' sin, 's e fìor dheagh charaid a bh' innte cuideachd. 'S e rud uamhasach a th' ann nuair a bhios daoine 'gar fàgail, agus ged nach

but we didn't speak much at all. At that time she was living with her daughter and son-in-law in Halifax, and I was living in Halifax as well.

On this particular day her son-in-law said to Marie, "I was waiting this morning for the bus, and I saw that guy that was singing at the milling frolic in Washabuck, the guy with the beard and the brown curly hair."

"Surely he lives close to us," answered Marie.

That's how it went for a month or two. They were seeing me here and there from time to time but on this one day a homecare nurse came to Marie's residence. The nurse detected a Gaelic accent on Marie's English and asked her, "Are you from Cape Breton?"

"I AM!" she replied.

"Do you have Gaelic?" (*in Gaelic*)

"Gaelic from the knee," replied Marie.

This nurse was a Gaelic learner. After a little while Marie asked the nurse, "Since you know lots of Gaelic learners in Halifax, maybe you know a young man, kinda big, kinda funny, that has brown curly hair and a beard."

"I DO! I know him well. His name is Patrick Bennett and he is living in a big condo building just about a block from here."

It wasn't long before I received Marie's phone number from the nurse. After that another lady and I had a visit with her. We quickly became friends. I learned a pile from her: Gaelic, stories, baking, and we were very heavy on playing cards, cribbage usually. Her family, they now are like my own. We gather for birthdays, suppers and holidays and they will be there on the big day when I am wed in May.

Though we were not related at all, she was my grandmother. I was extremely fortunate to have had three grandmothers, and moreover she was a true and dear friend to me. It is a terrible thing when people leave us, and though I've never

d' rinn mi rann riamh roimhe, thòisich mi air òran molaidh air a son. Chan eil i deiseil, dh'fhaoidte nach bi i deiseil gu bràth, ach bha i gu math cuideachail nuair a bha 'm pian ùr.

Hó mo Mhàiri bhòidheach, 's tu mo Mhàiri ghrinn;
Hó mo Mhàiri bhòidheach, 's tu mo Mhàiri ghrinn;
Hó mo Mhàiri bhòidheach, 's tu mo Mhàiri grinn;
Mhàiri bhòidheach bhòidheach, rugadh anns na glinn.

On a dh'fhalbh Màiri tha mo chridhe briste,
Brùite truagh brònach 's doirbh dhomh 'ga innse
Tha mise ga h-ionndrainn, muladach gu cinnt'
Té laghach ghasda bhòidheach éireachdail a bh' innt'.



Patrick at the Milling Table

from a video by Susan MacLean

made a verse I started on a piece of a song in her praise. It's not finished, maybe I'll never be able to finish it, but it was tremendously helpful with my grieving.

Ho my beautiful Màiri, you're my Màiri neat
Ho my beautiful Màiri, you're my Màiri neat
Ho my beautiful Màiri, you're my Màiri neat
Màiri beautiful, beautiful, born of the glen.

Since Màiri left, my heart is broken,
Bruised, sorrowful, grieving, 'tis difficult for me
to tell

I am missing her, melancholy certainly
A kind, excellent, beautiful, graceful woman she
was.



Marie MacLean and Friends

Susan MacLean

P.S. As deoghaidh dha Mhàiri caochladh, fhuair an nighean aice bhideo goirid dhe 'n luadh far na thachair sinn ri chéile. Bha mi fhìn 'nam shuidhe aig a' chleith-luaidhe agus bha Màiri 'na suidhe air mo chùlaibh. Nuair a bhios mi seinn, bidh mi car guthmhor àrd, 's mar sin bha mi a ghabhail *Ged a sheòl mi air m' aineol, cha laigh smalan air m' inntinn*. Bha dealbh a' bhideo a' siubhal an t-seòmbair... sin mise a' seinn! Agus, o seall siud, shin agad Màiri! Agus rinn i seòrsa do choltas car mì-thoilichte oirre. Car de dhréin oirre. Cha robh e doirbh a thuigsinn nach robh an obair a rinn mi a' còrdadh rithe... agus nuair a bha sinn a' coimhead air sin, mi fhìn agus a nighean... bha sinn a' roladh air an ùrlar a' gabhail gàire mór. Cha do ghabh mi 's an t-sròn e idir. Cha robh teagamh sam bith ann gu robh i gu math measail orm, ged a bha dréin oirre dar a bha mi seinn.

P.S. After Marie passed away, her daughters received a short video of the milling frolic where we met. I was sitting at the milling table and Marie was sitting behind me. When I am singing I am kind of loud and high, and that's how I was singing *Ged a sheòl mi air m' aineol, cha laigh smalan air m' inntinn*. The video was panning around the room... "There's me singing! Oh and look at that, there's Marie!" and just then as I was singing, she made a face that betrayed my take on that song wasn't exactly her cup of tea. When we were watching this, her daughters and I, we took to laughing so hard we were near rolling on the floor. I didn't take that on the nose at all; there was no doubt she was very fond of me, though she may have winced when I sang.

Litir bho'n Cheann-Suidhe

le Mìcheal MacAoidh

a Chàirdean chòir,

Cò air am bruidhneamaid an turas seo? 'S dòcha gum bi e modhail gu leòr agus iomchaidh a bhith a' cumail ris an seòrsa rud a chaidh iarraidh air Eliza Doolittle anns an fhilm "Mo bhean-uasal bhòidheach" a dhèanamh – gun a bhith a' bruidhinn air dad ach an aimsir agus ar slàinte. 'S iomadh còmhradh taitneach a bh' agam gun teagamh air na cuspairean sin, gu h-àraid nuair nach eil mòran eil a' dol nam bheatha no air an t-saoghal.

Ach chan ann mar sin a tha cùisean an-dràsda, agus tha rudan math ann mu dheidhinn sin, agus rudan nach eil cho math. An toiseach, a-rèisd, na rudan matha – agus gu dearbh tha an aimsir ceangailte ri sin – tha an t-earrach air tighinn! Tha sin a' ciallachadh gum bi làithean blàtha grianach againn mu dheireadh thall, agus, ann an cuid de cheàrnaidhean, nuair a thig An Naidheachd Againne a-mach, bidh e tuilleadh is blàth! Ach cuideachd tha sin a' ciallachadh gum faod sinn coimhead air adhart ri tachartasan Gàidhealach air feadh nan Stàitean agus Canada. 'S e a' phrìomh rud, dhuinne co-dhiù, Beinn Seanair, a bhios a' tighinn ann an ùine nach bi fada idir. Anns na seachdainean a tha romhainn, cluinnidh sibh barrachd agus barrachd mu'n iomairt sin, agus mur an do rinn sibh tadhal air Banner Elk, Carolina a Tuath, agus an t-Seachdain Chiùil agus Chànain aig Beinn Seanair, nach dèan sibh co-dhùnadh a dhol ann. Thug daoine a chaidh ann iomradh air an t-seachdain sin le bhith a' cleachdadh na faclan "rud a dh'atharraicheas ur beatha" - agus le moladh mar sin, cò nach iarradh a dhol ann? Gheibh sibh oideachas math le tidsearan air leth. Cò na tidsearan a bhios ann? Uill, gheibh sibh sin a-mach le turas dhan làrach-lìn againn, ach innsidh mi dhuibh an seo – Gillebride Mac 'IlleMhaoil, Joy Dunlop, agus Caitlin Reddy. Chan iarramaid na b' fheàrr!

Nise, faodaidh sinn bruidhinn cuideachd air gnìomhan nach eil idir cho math no taitneach ri seo – duine sam bith a lean an naidheachd dhuilich mu na gearraidhean mì-chothromach a chunnaic Oifis Iomairtean na Gàidhlig ann an Alba Nuaidh, bidh fios aige gun deach dithis a chur a-mach as an dreuchd, agus bha Catriona Parsons air tè dhuibh. Tha sinn uile gu math moiteil a Catriona, a bh' air



Letter from the President

by Mike Mackay

Dear friends,

What shall we talk about this time? Perhaps it will be polite enough and proper to stick to the same sort of thing that Eliza Dolittle was asked to do in "My Fair Lady" - not to talk about anything but the weather and everyone's health. I've had many pleasant conversations on those subjects, especially when there's nothing major going on in my life.

But that's not how it is right now, and there are good things and not so good things about that. First, the good things, and indeed the weather is connected to them – spring has finally arrived! That means that we have warm sunny days, and, in some places, by the time An Naidheachd Againne arrives, it will be quite warm! But that also means that we can start looking forward to Gaelic events all over the States and Canada. The primary one, for us anyway, is Grandfather Mountain, which will be coming in just a little while. In the coming weeks, you'll be hearing more and more about the event, and if you've never visited Banner Elk, North Carolina, and Grandfather Mountain's week of song and language, why not make up your mind to go? You'll get a great education from exceptional teachers. Who are the teachers? Well, you can find out by going to our website, but I'll tell you here – Gillebride MacMillan, Joy Dunlop, and Kathleen Reddy. We couldn't ask for better!

Now, we might speak of things that are not so good or pleasant – anyone who followed the sad news about the unfair cuts to the Office of Gaelic Affairs in Nova Scotia will know that two people were let go, and Catriona Parsons was one of them. We are awfully fond of Catriona, who has given our society marvelous help in the past, and these cuts did not happen without a great outcry and protest from people here and from all over the world. It was a

taic mhòr a thoirt dhan chomunn againn, agus cha do thachair na geàrraidhean sin as aonais casaidean agus gearanan bho dhaoine an seo agus bho air feadh an t-saoghail. 'S e gnothach gu math duilich a th' ann, agus chan eil e cho aotrom no taitneach ri aimsir bhlàth an earraich, ach feumaidh sinn cumail nar cuimhne gu bheil an cànan seo, air a bheil sinn gu math measail agus a tha air tlachd agus suaimhneas a thoirt dhuinn, an-còmhnaidh ann an cunnart, agus an-còmhnaidh feumach air brosnachadh, taic agus leudachadh. Mar a tha an t-òran ag ràdh, agus bu chòir dhuinn uile seo a chumail nar n-inntinn: "Togaibh i, togaibh i"!

Le meas,
Michéal MacAoidh

terrible business, and it's not pleasant like the warm spring weather, but we must continue to remember that this language we love so much and which has given us such happiness and enjoyment, is in danger constantly, and always in need of help, encouragement, and empowerment. As the song says, and we must all keep this in mind: "Togaibh i, togaibh i"!

Respectfully,
Mike Mackay

2015 Board of Directors Election Results

A sincere and huge thank you to all candidates who ran in the recent Board of Directors election. ACGA is a volunteer-run organization, and couldn't operate without member contribution of time and talent.

Two newly-elected members will serve their first term on the Board and one is returning for another three years.

Wayne Harbert is a professor of linguistics at Cornell University whose research focuses on theoretical and Germanic historical linguistics, but he also has an interest in Celtic languages, having taught Welsh, Middle Welsh and Scottish Gaelic at Cornell.

Jeff Justice is assistant professor of political science at Tarleton State University in Texas. He has served as director of the Scottish Studies Program there since 2010. He is working to bring Scottish Gaelic classes to the university.

Megan Moffitt has been elected to her second term on the Board. She has served as ACGA Bookkeeper during that time, and is an enthusiastic learner and supporter of Scottish Gaelic.

Janice Chan
An Phillips
2015 ACGA Election Committee

Seanfhacal na Ràithe – Pictured Proverb

Do you know what familiar Gaelic proverb is illustrated here?

Check page 17 to see if you're right.



Copyright © Picsora 2015

Mar a leugh sibh ann an ANA an Dùbhlachd 2014, rinn sgoilearan Laura Howitt ann an Sgoil Gràmair Dhùn Omhain tadhal air Canada sa Mhàrt le taic bho ACGA. Seo an aithisg a sgrìobh iad air ar son mu dheidhinn an turais sin.

As promised in the Dec. 2014 issue of ANA, Laura Howitt's Dunoon Grammar School Gaelic students have sent us a trip report. They had the opportunity to visit Canada in March with the help of a grant from ACGA.

Turas a dh'Alba Nuadh

*leis na h-oileanaich aig Laura Howitt,
Sgoil-gràmair Dhùn Obhainn,
Earra-Ghàidheal*

Air Dihaoine 27mh den Mhàrt, chaidh na sgoilearan Gàidhlig as sine bho Sgoil Gràmair Dhùn Omhain agus an tidsear Gàidhlig, a' Mh. Howitt, agus an tidsear ciùil, a' Bh. Ross, a Ghlaschu air a' chiad phàirt den turas aca a dh'Alba Nuadh, a' fàgail Ghlaschu madainn Disathairne.

Ràinig iad air oidhche Shathairne aig 9f agus bha an sneachd cho dona - abair cathadh a bh' ann gun teagamh! B' e seo toiseach turais a bha a' dol a bhith gu math fuar ach gu math spòrsail agus inntinneach.

Air Didòmhnaich, chaidh na sgoilearan mun cuairt Halafacs, a' chiad bhaile anns an robh sinn. Air Diluain, chaidh sinn uile do dh'Àrd-Sgoil an Dùin neo 'Citadel' far an robh cothrom againn coinneachadh ri sgoilearan a bha ag ionnsachadh Gàidhlig agus far an robh cothrom againn a dhol dhan bhun-sgoil cuideachd far an robh sinn a' teagasg Gàidhlig. Rinn ar sgoilearan taisbeanadh mu dheidhinn sgoiltean ann an Alba agus mu dheidhinn ar dòigh-beatha, a' bruidhinn air poileataigs na h-Alba agus biadh agus slàinte.

An ath latha, rinn sinn deiseil airson a dhol a dh'Antigonis far an robh sinn am beachd tadhal air àrd-sgoil eile agus air an oilthigh an sin. Air a' chiad latha ann an Antigonis, chaidh sinn dhan leabharlann airson na leabhraichean Ceiltis fhaicinn. Fhuair sinn cuairt le stiùireadh bhon leabharlannaiche. Bha e inntinneach a bhith a' faicinn nan seann leabhraichean, feadhainn a tha ann an Canada a-mhàin agus fhuair sinn bratach mar thiodhlac airson ar clas air ais ann an Dùn Omhain. Cuideachd, bha cothrom againn eachdraidh an leabharlainn, an oilthigh agus a' bhaile a chluinntinn.

Our Trip to Nova Scotia

*by the students of Laura Howitt,
Dunoon Grammar School, Argyll,
Scotland*

On Friday 27th March, senior Gaelic pupils from Dunoon Grammar School, accompanied by their Gaelic teacher, Miss Howitt, and their music teacher, Mrs. Ross, made their way to Glasgow for the first leg of their trip to Nova Scotia, leaving Glasgow on Saturday morning.

Our arrival on Saturday night, at 9pm in the middle of a bad snow storm, was the start to a trip that was going to be very cold but very fun and interesting at the same time.

On Sunday, pupils explored Halifax, the first town we visited on our trip. On Monday, we all went to the high school, Citadel High, where we had the opportunity to meet with pupils who were learning Gaelic and where we also got the opportunity to visit a local primary school where we taught them some Gaelic. Our pupils produced a short presentation about



Laura Howitt

Scottish schools and about our way of life, talking about Scottish politics, food and health.

The next day, we got ready to head to Antigonish to visit the next secondary school and to see the students and staff at the University. On the first day in Antigonish, we went to the library to see the Celtic collection where we got a tour from the librarians. It was interesting to see the old books, some of which are exclusive to Canada and we were gifted with a Gaelic Flag for our classroom in Dunoon. We also had the opportunity to learn about the history of the library, the university, and the town.

An dèidh an leabharlainn, bha sinn ag obair còmhla ris na h-oileanaich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig agus a' faighinn a-mach mu dheidhinn an oilthigh agus mu dheidhinn a bhith nad oileanach ann an Canada. Bha seo cudromach do ar sgoilerean oir tha cothrom aca cùrsa a dhèanamh aig Oilthigh Naomh Fransaidh Xavier tron sgeama a tha a' ruith aig Sabhal Mòr Ostaig (far an d' fhuair sgoilear àite airson na h-ath-bhliadhna).

Bha cothrom againn pàirt a ghabhail ann an taigh-cèilidh traidiseanta cuideachd agus chuala sinn a' phìob agus chunnaic sinn dannsa-ceum. Bha a h-uile duine cho ealanta!

Cuideachd, chunnaic sinn ar caraidean-pinn aig Sgoil John Hugh Gillis agus chuala sinn mu an turas a dh'Alba. Bha planaichean againn a bhith a' coinneachadh ri sgoillean bho Sgoil Mhic Fhraing cuideachd ach bha an sneachd cho dona agus cha robh cothrom aca a thighinn.

An ath latha, dh'fhag sinn Antigonis agus chaidh sinn air ais a Halifax. Air ais ann an Halifax, bha cothrom againn buidheann eile fhaicinn, Sgoil Ghàidhlig an Àrd Bhaile. Chaidh sinn do thaigh-cèilidh eile le Norma Nic 'Illeathain agus na daoine eile aig a bheil neo a tha ag ionnsachadh Gàidhlig ann an Halifax. Bha oidhche againn làn deagh bhidh, sgeulachdan, ciùil agus seinn. Chuala sinn tòrr mu dheidhinn Gàidhlig ann an Alba Nuadh agus dh'ith sinn biadh traidiseanta cuideachd.

B' e na laithean an dèidh sin ar làithean mu dheireadh agus chaidh sinn mun cuairt nam bùthan, a' ceannach phreusantan airson ar teaghlaichean agus a' dèanamh nan rudan eadar-dhealaichte a tha ri dhèanamh do luchd-turais. Chunnaic sinn 'Theodore', bàta-slaodaidh ri taobh na h-acarsaid agus fhuair sinn dresaichean agus lèintean-t ùra ann am Mic Mac Mall.

Faodaidh sinn a ràdh gur e turas mìorbhaileach a bh' ann agus cha do smaoinich sinn riamh gum biodh cothrom mar seo againn, gu h-àraid cothrom a bhith a' dol a-steach do sgoiltean ann an dùthaich eile far an robh

After the library, we worked with students that were learning Gaelic at the university and found out about what it's like to be a student in Canada. This was important to our pupils who may have the opportunity to study at the university in the future through the exchange run by Sabhal Mòr Ostaig (to which one of the pupils has gained entry for university next year).



Laura Howitt

We also had the opportunity to take part in a traditional house ceilidh where we heard the pipes and saw some step dancing. Everyone was so talented.

In addition to our experiences at the university, we also met with our pen pals at John Hugh Gillis Regional

School and heard about their recent trip to Scotland. We had also intended to meet with pupils from Rankin School of the Narrows but that visit was snowed off.

The next day, we left Antigonish and returned to Halifax. Back in Halifax, we had the chance to meet with another group, The Gaelic Language Society of Halifax. We went to another ceilidh with Norma MacLean and the others who speak or are learning Gaelic in Halifax. We had a night full of good food, stories, music and singing. We heard lots about Gaelic in Nova Scotia and ate traditional foods.



Laura Howitt

The days after this meeting were our last and we spent time going round the shops to buy presents for our families and experiencing some of the tourist attractions in Halifax. We saw 'Theodore' the tug boat at the harbour and bought new dresses and t-shirts from the shops in the Mic Mac Mall.

It's safe to say that we had an amazing time and we got to do some things that we never thought

daoine a' bruidhinn Gàidhlig. Bha sinn air cluinntinn mu dheidhinn cho fàilteach agus coibhneil 's a tha na daoine ann an Canada ro ar turas agus b' e seo an fhaireachdainn a fhuair sinn anns a h-uile àite gun teagamh.

Gun taic bhuaibh cha bhiodh an cothrom ann turas cho sgoinneil a chur air doigh agus tha sinn uile gu math taingeil.

we would experience such as visiting schools in another country where there were Gaelic speakers. We often heard before our trip how friendly and welcoming the Canadian people were and that was our impression exactly.

Without your support we wouldn't have had the chance to arrange such a brilliant trip and for that we are all very grateful.



Dr. Anne Lorne Gillies Outstanding Woman of Achievement



Kevin Bree


Warm congratulations to Dr. Anne Lorne Gillies, named by the Saltire Society as one of Scotland's Outstanding Women of Achievement for 2015. This is the first time the society has awarded the honor, and Anne is one of only ten in this initial group, in company of Nicola Sturgeon (First Minister of Scotland and current leader of the Scottish National Party), Dame Winifred Ewing (influential long-time SNP president), a scientist, several authors, and other exceptional Scottish women.

Anne was recognized for her many contributions to Scottish culture and life, particularly in the areas of education, the arts, and support of the Gaelic language. You will likely know of her as a singer and perhaps as author of many Gaelic children's books as well as the notable 2005

volume *Songs of Gaelic Scotland*. She has been active in developing resources for Gaelic medium education, and is also a political activist and public speaker.

For more information about the Saltire Society's Outstanding Women of Scotland Award and the other 2015 winners, click here:

<http://www.saltiresociety.org.uk/news/2015/03/08/outstanding-women-of-scotland-2015-announced>



Jam Gàidheil na h-Albann Nuaidh 2015

le Kathy Reddy

Anns a' Chèitean seo chaidh, chruinnich fichead neach aig a bheil ceangal ri cànan is cultar Gàidheil na h-Albann Nuaidh fad còig latha aig Ionad Ath-ùrachaidh Naoimh Eòsaimh ann am Màbu, Ceap Breatainn. 'S e Jam Gàidheil na h-Albann Nuaidh a th' air a' chruinneachadh seo, agus 's e seo an treas turas a chaidh a chumail. Bha ceathrar air leth comasach aig stiùir a' Jam: Shilpa Jain à California, na stiùiriche aig YES!, a' bhuidheann a chuireas na Jamannan air dòigh air feadh an t-saoghal; Tad Hargrave à Alberta, a thòisich iomairt nan Jamannan; a bharrachd air Seigheag Nic'IlleMhaoil agus Òmar Bhocanan, dithis bhana-Ghàidheil à Ceap Breatainn.

Chuir na com-pàirtichean an còig latha seachad a' daingneachadh nan ceanglaichean eadarra tro ghnìomhan co-oibreachail agus a' sùileachadh air an rathad air adhart airson cànan is cultar nan Gàidheil ann an Albainn Nuaidh.

'S e amas a' Jam a bhith a' coimhead air ceanglaichean aig an ìre phearsanta, eadar-phearsanta agus shiostamach. Aig an ìre phearsanta, bha iomadh cothrom aig na com-pàirtichean na sgeulachdan aca fhèin innse agus gu dè bha fa-near dhaibh. A thaobh gnothaichean eadar-phearsanta, bha cuideam air a chur air sgilean èisteachd agus air brosnachadh do chom-pàirtichean gus am bruidhinn iad ann an dòigh fhìrinneach is fhosgailte, agus a bhith a' dèiligeadh ri connspaid. Aig an ìre shiostamach, dh'ionnsaich na com-pàirtichean mu innleachdan gus atharrachadh a thoirt gu buil ann an coimhearsnachd nan Gàidheil. Cuideachd, chaidh sùil a thoirt air pròiseactan a mheasadh luachmhor do choimhearsnachd nan Gàidheil agus air na ceumannan a bhios ann gus an toirt air adhart.

Nova Scotia Gaels Jam 2015

by Kathy Reddy

This past May, twenty individuals with a connection to Nova Scotian Gaelic language and culture gathered for five days at St. Joseph's Renewal Centre in Mabou, Cape Breton. This gathering was the Nova Scotia Gaels Jam, and this is the third time it has taken place. The Jam was led by four exceptionally capable people: Shilpa Jain from California, executive director of YES!, the body which facilitates Jams around the world; Tad Hargrave from Alberta who began the Jams initiative; as well as two Gaels from Cape Breton: Shay MacMullin and Amber Buchanan.



Coileat NicThòmais (Colette Thomas)

Participants spent the five days strengthening the connections between them through co-operative activities and exploring the way ahead for Gaelic language and culture in Nova Scotia.

The aim of the Jam is to explore connections at the personal, the interpersonal and the systemic level. At the personal level, there were many opportunities for participants to tell their own stories and to talk about what was on their minds. Concerning interpersonal matters, there was an emphasis on listening skills and encouragement for participants to speak in an open and truthful way and to deal with conflict. At the systemic level, participants learned about strategies to effect change in the Gaelic community. Additionally, projects with importance to the Gaelic community were outlined as well as next steps.

A bharrachd air an obair seo ann, bha spòrs gu leòr ann. Far an cruinnich na Gàidheal, bidh ceòl is òran, dannsa is gàire ann, agus 's ann gu tric a fhuair com-pàirtichean an cothrom an cuid thàlant an chur gu feum gus tlachd a thoirt do chàch.

Aig deireadh a' Jam, bha coimhearsnachd ùr air a thogail am measg nam com-pàirtichean agus bha an càirdeas eadarra air fàs aig ìre dhomhainn. Chaidh sil dhòchais a chur aig am bi toradh beartach do choimhearsnachd nan Gàidheal ann an Albainn Nuaidh sna amannan dùbhlach ri teachd. Mar a tha an seanfhacal a' falbh: *Is treasa dithis a' dol thar an àtha na fad o chèile.*

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Jam Gàidheil na h-Albainn Nuaidh, nach cuir sibh sùil air <http://novascotiagaelsjam.com/>

As well as this work, there was lots of fun. Where Gaels gather, there is music and songs and laughter and there were many opportunities for participants to use their talents for others' enjoyment.

At the end of the Jam, a new community had been established amongst the participants and their friendship had grown at a deep level. Seeds of hope had been planted which will bear rich fruit for the Nova Scotian Gaelic community in the challenging times ahead. As the Gaelic proverb states: *When crossing a ford, two are stronger together.*

For more information on the Nova Scotia Gaels Jam, take a look at <http://novascotiagaelsjam.com/>



The On-Line Faces of ACGA

Like most organizations in the modern world, ACGA has several on-line faces, including more than one website, a Facebook page, a conversational forum, a YouTube page, and even a Twitter account.

Our main website, www.acgamerica.org, includes a blog for announcements, tips, articles, etc. It also contains an archive of newsletters, detailed information about our major events, information about ACGA and how to join, learning resources, and more.

Our forum site, forum.acgamerica.org, is collection of conversational forums, some public, some for members only, and some for ACGA's internal organizational functions.

Our [Facebook](#) page is a public face of ACGA. Because this page is integrated into a social network, it has a very different feel from our website, and likely attracts a different crowd.

Our *Guth nan Gàidheal* radio channel has its own website, at gng.acgamerica.org. There you can learn all about our Gaelic and Gaelic-related radio content, and find out how to listen. GnG also has its own [Facebook](#) page and [Twitter](#) feed.

We don't have very much video content on our ACGAmerica [YouTube channel](#) yet (we're looking for more), but what we do have is interesting and ACGA-relevant.

Our Twitter account ([ACGAgaelic](#)) is used for ACGA announcements.

Some of our events have their own web presence, too. The [ACGA Mòd](#) website contains a lot of information about past, present, and future Mòds. And our Gaelic Song and Language Week at Grandfather Mountain has its own [Facebook](#) page.

A Cape Breton recipe for tasty, not too sweet oat cakes from our friend Kathleen Reddy. Kathy, who teaches Gaelic at St. Francis Xavier University in Antigonish and all around Nova Scotia, will be one of our teachers at ACGA's Gaelic Song and Language Week in July at Lees-McRae College in Banner Elk, NC.

Aran-coirce Cheap Breatainn



Kathleen Reddy

'S mise a tha measail air aran-coirce agus 's e seo an seòrsa as fheàrr leam: an t-aran coirce aig Lòrag Stirling, na caraaid dhomh agus na h-oide Gàidhlig ann am Baile Hailefacs. Tha an t-aran-coirce aig Lòrag tana, brisg agus blasta. Tha e math le càise, air no dìreach mar a

tha e. 'S e ìm a ghabhadh mo sheanmhair air an aran-choirce aicese.

Nì an reasabaidh seo mu ochd dusan briosaigean: gu leòr airson deagh chèilidh!

Stuthan

Min-choirce phronn	3 cupannan
Min-choirce Albannach	1 chupa
Min-fhlùir	2 chupa
Garbhan coirce air neo garbhan cruithneachd	1 chupa
Siùcar geal	1 chupa
Salann	Leth spàinn-teatha
Sòda fuinne	Leth spàinn-teatha
Ìm	1 chupa
Geir	1 chupa
Uisge fuar	Leth-chupa

- Measgaich na stuthan tioram ann am bobhla mòr.
- Geàrr a-staigh an t-ìm agus a' gheir. (Gus seo a ghiorrachadh, bidh mise gan sgreadadh mus cuir mi dha na stuthan tioram iad.)
- Cuir an t-uisge ann. Bidh an taois sprudhagach agus caran leanailteach.
- Roilig a-mach i air bòrd air an deach min-fhlùir a chur gus

Cape Breton Oatcakes

I'm a big fan of oatcakes and these are the ones I like the best: Laura Stirling's oatcakes. Laura is a friend of mine and a Gaelic instructor in Halifax. Her oatcakes are thin, crisp and tasty. They are good with cheese or on their own. My grandmother always had butter on her oatcakes.

This recipe will make about eight dozen oatcakes: enough for a good cèilidh!



Kathleen Reddy

Ingredients

Rolled oats	3 cups
Scottish oats or pinhead oatmeal	1 cup
Flour	2 cups
Bran (oat or wheat)	1 cup
White sugar	1 cup
Salt	½ tsp
Baking soda	½ tsp
Butter	1 cup
Shortening	1 cup
Cold water	½ cup

- Combine dry ingredients in a large bowl.
- Cut in butter and



Kathleen Reddy

am bi i leth-chairteal òirleach de thiughad. (Bidh e na chuideachadh an roilgeadh a dhèanamh eadar duilleagan pàipeir chèirte.)

Geàrr na ceàrnagan agus cuir air clàr-fuinne grèiste iad. Cuir dhan àmhainn aig 400 puing iad, fad deich air no dà mhionaid dheug.

shortening. (I cheat and grate mine before mixing with dry ingredients.)


- Add water. The mixture should be crumbly and a little bit sticky.
- Roll out onto a floured surface to a thickness of 1/8 inch. (Rolling between sheets of waxed paper helps.)

Cut into squares and place on a greased cookie sheet. Bake at 400 degrees for 10 to 12 minutes.

Do you have a favourite recipe that you'd like to share with other ACGA members? Submit it in a bilingual format to one of our editors and we'll publish it in future issues of *An Naidheachd Againne*. Na gabhaibh dragh—we'll pass the Gaelic by a native speaker to be sure your recipe is delicious in both languages!

Criomagan

Meal do Naidheachd!



We're delighted to learn that long-time ACGA member Dr. Heather Sparling's recent book, *Reeling Roosters and Dancing Ducks: Celtic Mouth Music*, has been shortlisted for an **East Coast Literary award**. The Evelyn Richardson Non-fiction award is presented annually by the **Writers Federation of Nova Scotia**. Heather is Associate Professor of Ethnomusicology and Canada Research Chair in Musical Traditions at Cape Breton University.



A Website to Watch

Gaelic4Parents.com

THE WEBSITE FOR PARENTS AND CHILDREN
INTERESTED AND INVOLVED IN GAELIC EDUCATION

Although Gaelic4Parents is a “website for parents and children interested in and involved in Gaelic education,” it’s also a great resource for adult learners of Gaelic where songs, games, activities, and sound files of more than 100 children’s books can be downloaded.

Click here to give it a try:

<http://www.gaelic4parents.com>

Not heard from us lately?

ACGA now distributes almost all information to members electronically. This includes our quarterly newsletter, *An Naidheachd Againne*, membership renewals, information about our events such as the Grandfather Mountain Song and Language Week, and occasional Bideagan about other Gaelic events and items of interest.

That means that it is very important that we have a current email address for you. You can send any changes to your preferred address to ruadh@idirect.com.

And if you haven't heard from us in a while, please check your spam folder, or add the above address to your contacts list to ensure that we can keep you informed!

Turas a Bharraigh le Hilary NicPhàidein

Rinn Hilary Rosado, ball ACGA, turas fliuch ach sgoinneil gu Barraigh còmhla ri a bràthair leth-aon o chionn greis. Tha Hilary air a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, a' gàbhail a-steach ann an clasaichean AGA còmhla ri Cam MacRae agus (am bliadhna) Aonghas MacLeòid. Sgrìobh ise na tuairisgeulan airson nan dealbhan.

Hilary Rosado, an ACGA member, recently enjoyed a wet but excellent trip to Barra with her twin brother. Hilary has been learning Gaelic, including participating in AGA classes with Cam MacRae and Angus MacLeod. She provided the photos and wrote the descriptions for us.


All photos by Hilary NicPhàidein



Obh, obh. A bheil sinn a' dol a Bharraigh air an itealan sin? Tha gu dearbh, agus bidh an t-itealan a' laighe air an tràigh.



Seo sealladh Bàgh a' Chaisteil bho Leideag, baile croitearachd. 'S urrainn do dhuine an cruth-tìre creagach fhaicinn a tha cumanta air taobh-ear an eilein.



Seo ceann baraille sgadain aig an "Herring Walk" faisg air an acarsaid. Tha sgeulachd gnìomhach an sgadain air innseadh air pleit air muin gach baraille.



Chì thu gum bi na caoraich ionadail a' cleachdadh nam baraillean airson sgròbaidh.



Chaidh sinn air a' bhus a Bhatarsaigh. Seo Bàgh Siar le sealladh brèagha a' Chuain Siar. Bha am bàta "Annie Jane" air a chall an-seo ann an 1853.



Seo sealladh Caisteal Chiosmail agus Bhatarsaigh aig astar.



Seo am bàt'-aiseag Fear-cinnidh a' ruigsinn Bàgh a' Chaisteil bhon Òban. Tha an turas a' toirt faisg air còig uairean a thide gu leth.



Bha Eaglais Reul na Mara air a togail ann an 1888. Tha na h-uinneagan glainne dathte glè bhòidheach.



Thèid aig daoine air Caisteal Chiosmail a ruigsinn le bàta beag. Abair sealladh!



An t-Ionnsachadh Bòidheach

by Caroline Root, Youth Page Editor

Lorg na Faclan

Spòrs as t-Samhradh

Print the puzzle and then look for the following words, without spaces or hyphens, hidden inside it. Words run in a straight line horizontally, vertically, diagonally, forward and backward. Guma math a théid leat!

1. An Lùnastal
2. An t-Iuchar
3. An t-Ògmhios
4. ball
5. Beinn Seanair


6. bothan
7. bucaid
8. cluich
9. gealach
10. grian

11. liomanaid
12. reòiteag
13. samhradh
14. snàmh

15. saor-làithean
16. sonas
17. teas
18. traigh



<http://www.webweaver.nu/clipart/beach.shtml>



Cha Bu Mhiste Sinn Leabhar Na Tri

le Cam MacRae

Tasgaidh Phrìseil Fhaclan

Tha mi cinnteach gun toil leat faclairean. 'S toil agus leamsa. Uill 's toil leamsa liostaichean fhaclan san fharsaingeachd. A bheil thu eòlach air *Faclan is Abairtean à Ros an Iar*, air an cur ri chèile le Roy Wentworth? *Gaelic Words and Expressions from South Uist and Eriskay* air an cruinneachadh leis an Athair Urramach Dòmhnallach?

Leabhraichean prìseil gun teagamh, làn fhaclan airidh air gleidheadh, agus o chionn ghoirid fhuair mi liosta drùidhteach eile, gidheadh feumaidh mi aideachadh gu bheil e am broinn leabhar Beurla. 'S e *Landmarks* le Raibeart MacPhàrlain an leabhar, agus 's e cuspair an leabhair cho cudromach 's a tha na faclan (ann an cànan sam bith) a tha ceangailte ris na feartan-tìre nàdarra againn.

Sgrìobh MacPhàrlain aon aiste deug mu fheartan-tìre àraidh anns an aghaidh-tìre Bhreatannach (beanntan, oirthrean mara, fearann coillteach, me) agus aig bonn gach aiste nochdaidh briathrachan fada fada, liostaichean fhaclan air an cruinneachadh le MacPhàrlain tro na bliadhnaichean. Ach carson a tha mi a' moladh leabhar Beurla ann am bloga Gàidhlig? Uill, am measg nam faclan Beurla, Èireannach, Cuimreach, Còrnach, is Albais ann an *Landmarks*, lorgaidh tu faclan Gàidhlig nan ceudan.

Thòisich an t-ùghdar an leabhar ann an 2007, an dèidh dha tachairt ri tasgaidh de dh'fhaclan ceangailte ris an talamh-mhòintich Albannach, briathrachan a bha air a chruinneachadh ann an Leòdhas le Fionnlagh MacLeòid (an Dotair Fionnlagh à Siabost), Anna Chaimbeul, Catriona Chaimbeul, agus Dòmhnall Moireasdan.

San leabhran aca, chunnaic MacPhàrlain an t-ionmhas a th' anns na faclan Gàidhlig a thaobh fheartan-tìre. Thàinig e a-steach air

A Valuable Word Hoard

I'm sure that you like dictionaries. I do too. Well, I like word lists in general. Are you familiar with *Faclan is Abairtean à Ros an Iar* compiled by Roy Wentworth? *Gaelic Words and Expressions from South Uist and Eriskay* collected by the Rev. Fr. Allan McDonald?

Valuable books for sure, filled with words which should be preserved, and recently I found another fascinating list, although I have to admit that it's in an English-language book. The book is *Landmarks* by Robert MacFarlane, and he writes about the importance of the words (in any language) relating to our landscape's natural features.

MacFarlane has written eleven essays about particular features of the British landscape (mountains, coastlands, woodlands, for example) and at the end of each essay are lengthy glossaries, lists of words collected by MacFarlane through the years. But why am I recommending an English book in a Gaelic blog? Well, along with the English, Irish, Welsh, Cornish, and Scots words in *Landmarks*, are hundreds of Gaelic words.

The author began writing *Landmarks* in 2007 after encountering a trove of words related to the Scottish moorlands, a glossary which had been collected by Dr. Finlay MacLeod of Shiabost, Anne Campbell, Catriona Campbell, and Donald Morrison.

On reading their booklet, MacFarlane recognized the wealth of Gaelic words that relate to land features. It occurred to



gun robh an aon bheairteas sna cànanan Bhreatannach eile, ged a tha mòran dhe na faclan seo a' dol à bith leis gu bheil an dàimh eadar daoine agus an tìr a' lagachadh. Tha na faclan ann am briathrachan MhicPhàrlain fhathast feumail, eadhon luachmhor ge-tà, is an t-ùghdar a' mìneachadh dhuinn san ro-ràdh gun toir faclan de an leithid buaidh air mar a tha sinn a' faireachdainn mu àiteachan. Smuain dhòchasach san t-saoghal chugallach a th' againn an-diugh, nach e?

Agus rud eile – tha duilleagan bàna aig deireadh an leabhair far an urrainn dhutsa tuilleadh fhaclan a chur.

him that the same treasure exists in other British languages, although many of these words are disappearing as the relationship between people and land weakens. The words in MacFarlane's glossaries are still useful, even valuable however, and the author explains in the forward that words of this kind have the power to shape our sense of place. That's a hopeful thought in this uncertain world of ours, isn't it.

And another thing – there are blank pages at the end of the book where you can add your own words.

Landmarks by Robert MacFarlane. Penguin, 2015.

Dè Do Naidheachd?

by Cam MacRae and Jeanne Pendergast

Two more *naidheachdan*. We used the same required words, but our stories headed in different directions. Or did they?

Cam:

Chuir i a còta oirre is rinn i fiamh-gàire. 'S e latha anabarrach brèagha a bh' ann, a' ghrian a' deàrrsadh, na h-eòin sna craobhan a' ceilearadh nam **fonn** sunndach aca. Latha freagarrach airson a bhith ann an sèithear-tulgaidh, leabhar drùidhteach na h-uchd, glainne teatha fuar na làimh.

Am mìos seo chaidh, leig i a **dreuchd** dhith, agus cha bhiodh aice a dhol air ais dhan oifis a-chaidh. Mu dheireadh thall, bhiodh ùine aice a bhith a' siubhal, ag ionnsachadh dannsa Salsa, no a' cluich teanas còmhla ri . . . cuideigin.

Ach seo ise an-diugh, a còta oirre, na h-iuchraichean na làimh, a-mach air an doras, is obair ga feitheamh. Agus carson? A bheil eagal oirre ro **bhochdainn**? Am faca i **bòcan** de bhag-lady le a gnùis fhèin ann am brúadar?

Chan e sin an trioblaid, oir tha airgead gu leòr anns a' bhanca. Tha i fortanach anns an dòigh sin, ach a dh'innse na firinn, chan eil na càirdean aice cho **pailt** ris na notaichean. An dèidh seachdain no dhà de shaorsa, thàinig e a-steach oirre gun do leig i a beatha aig an oifis, còmhla ri a dreuchd. Agus an-diugh, tha i a' dol air ais dhan àite far a bhuineas i, le fiamh-gàire.

Glossary:

fonn – (m) tune - it might look like the nominative singular in the sentence above, but the article *nam* tells you that it's the genitive plural

dreuchd – (f) career, profession; *leig i a dreuchd dhith*, she retired (literally, she gave up her job)
ga feitheamh – waiting for her

bhochdainn – (f) poverty; *ro bhochdainn*, of poverty
thàinig e a-steach oirre – it occurred to her

Sine:

Bha a **dhreuchd** mar neach naidheachd air tòiseachadh ri dragh a chur air. Latha an dèidh latha chitheadh e **bochdainn** sgràthail gun chothrom no comas aige rud sam bith a dhèanamh mu dheidhinn. Sgrìobhadh e cha mhòr gach seachdain mu dheidhinn nan daoine a' fulang le cion a' bhidhe, le tinneasan de dh'iomadh seòrsa, agus fiù 's le eagal uabhasach orra mar thoradh air an creideamh ann an **bòcain**. Bha eagal air fhèin gun cante "piobaire an aona phuirt" ris.

A dh'aindeoin sin, lean e air an aon **fhonn** bhrònach, ach beag air bheag, thòisich e air obair còmhla ri buidheann charthannais gun fhiosta do fhear-deasachaidh a' phàipeir-naidheachd. Bha e cuideachd a' coiteachadh nan riaghaltasan, nàiseanta agus ionadail, rud nach robh ceadaichte do fhir-naidheachd. A bharrachd air a sin, cha do sgrìobh e **pailt uiread** 's a b' àbhaist dha: dh'fhàs na colbhan aige na bu ghiorra agus chaidh seachdain no dhà seachad gun aiste bhuaithe idir.

An-diugh thàinig an teachdaireachd ris an robh e an dùil: tha e air a chosnadh a chall. An àite a bhith duilich ge-tà, bha e a' faireachdainn na b' aotruime, le cogais ghlan.

Glossary:

sgràthail – (or *sgrathail*), terrible, destructive; also as an intensifier (*sgràthail gaothach*)

bòcain – plural of *bòcan* (m) ghost, goblin, apparition

piobaire an aona phuirt – someone who bores by always bringing up the same topic (literally, a piper of one tune)

coiteachadh nan riaghaltasan – urging, pressing, lobbying the governments

pailt uiread – as much as, the same amount as



Copyright © Picsora 2015

Answer to Seanfhacal na Ràithe, p. 5

Cha tharraing tu bò an comhair a h-earball.

- You cannot pull a cow backwards; there is a natural direction with everything.

Dè Tha Dol? Gaelic Events

An t-Ògmhios 2015 / June 2015

Mòd nan Lochan Mòra, Wellington OH, June 26 - 28, 2015

Held at the Ohio Scottish games in the Lorain County Fairgrounds in Wellington. Please contact Anne Alexander tinwhistle_aa@yahoo.com for further information.

Gaelic Immersion, King City ON, June 29 - July 4, 2015

Scottish Gaelic immersion for Beginners & Intermediate/Advanced sponsored by the Ontario School of Piping and Drumming at the King City campus of Seneca College. Day and boarding students. For more information contact ellen.mole@gmail.com or 905.841.5497 or <http://ospd.ca>.

An t-Iuchar 2015 / July 2015

Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week, Banner Elk NC, July 5 - 10, 2015

ACGA's 17th annual Gaelic Song and Language Week will be held at Lees-McRae College with instructors Gillebrìde MacMillan from South Uist ("Gwyllyn the Bard" in the TV series *Outlander*), Joy Dunlop, Gaelic Singer of the Year in 2010 & 2011 and Kathleen Reddy, Gaelic instructor at Saint Francis Xavier University, Antigonish NS. <http://www.acgamerica.org/gfm-2015/>

North Carolina Mòd, Grandfather Mountain Highland Games, Linville NC, Saturday, July 11, 2015

The Mòd will start at 3:00 pm in Donald's Gaelic Cèilidh Tent. Registration forms may be picked up at Donald's Gaelic Cèilidh Tent at any time during the Games until 1:00 pm on Saturday. See <http://www.gmhg.org/gaelicmod.htm>

Bu Deònach Leam Tilleadh / I Would Willingly Return, 17th Annual Gaelic Concert Series, Christmas Island, Cape Breton NS, July 14, 21 and 28, 2015

These bilingual Gaelic-English concerts feature some of Cape Breton's best musicians as well as emerging talent and local tradition bearers. Concerts are held at the Christmas Island Fire Hall. For more information see <http://feisaneilein.ca/concerts> or email feisaneilein@ns.sympatico.ca.

Sabhal Mòr Ostaig Summer Courses, Isle of Skye, Scotland, July 20 - 24, 2015

Weeklong Scottish Gaelic language classes will be offered at levels 1, 3, and 5, as well as a Gaelic song class with Christine Primrose.

<http://www.smo.uhi.ac.uk/en/cursaichean/cursaichean-goirid/cursaichean-samhraidh-2015/>

An Lùnasdal 2015 / August 2015

Sabhal Mòr Ostaig Summer Courses, Isle of Skye, Scotland, multiple dates, August 2015

Weeklong Scottish Gaelic language classes will be offered.

August 3 - 7: levels 1 & 2, song class with Christine Primrose

August 10 - 14: levels 2, 4, 6 & 8

August 17 - 21: levels 3, 5, 7 & 9

August 24 - 28: levels 4, 6, 8 & 10

25th Annual Féis an Eilein, Christmas Island, Cape Breton NS, August 18 - 22, 2015

A celebration of the Scottish Gaelic language and culture, Féis an Eilein will feature an opening concert, a milling frolic, a children's concert, a square dance and day-long classes in Gaelic language and song.

Language, song, step dance and square dance workshops will also be held. See www.feisaneilein.ca or email feisaneilein@ns.sympatico.ca for more information.

Directory of Gaelic Classes & Study Groups

Arizona

Flagstaff

Study Group

Richard Ferguson

fergusdubh@yahoo.com

Phoenix

Classes

Richard Smith

coindubh@yahoo.com

Tucson

Classes

Muriel Fisher

<http://www.murielofskye.com>

California

Sacramento Area

Classes

Donnie MacDonald

minchmusic@comcast.net

North Hollywood

Study Group

Eva Gordon

celt@celticartscenter.com

Colorado

Boulder

Study Group

Sue Hendrix

susan.hendrix@colorado.edu

Denver

Lessons

Glenn Wrightson

thegaelicguy@hotmail.com

Denver

Study Group

Reese McKay

reese.mckay25@gmail.com

San Luis Valley

Phone and Online lessons

Caroline Root

www.gaidhliqgachlatha.com

Connecticut

Hartford area

Classes—Thomas Leigh

tleigh.piper@gmail.com

Gaelic Song Classes

Maggie Carchrie

860-748-7549

Florida

Jensen Beach

Treasure Coast Scots-Gaelic

Study Group

sryan1812@mylincoln.edu

Illinois

Springfield

Study Group

Bill McClain

fidheall@yahoo.com

Maryland

Baltimore

Study Group

<http://tinyurl.com/Maryland-Baltimore>

Rick Gwynallen

Rgwynallen@yahoo.com

301-928-9026

Chevy Chase

Song Group

Joan Weiss

sweiss@american.edu

New York

New York

Classes

New York Caledonian Club

www.nycaledonian.org/studies.php

Newfield / Ithaca

Conversation groups

Wayne Harbert

weh2@cornell.edu

North Carolina

Guilford

Classes (advanced beginner)

An Phillips

fiongeal@gmail.com

Triangle / Raleigh area

Classes (beginner)

An Phillips

fiongeal@yahoo.com

Ohio

Cincinnati

Study Group

Andrew MacAoidh Jergens

macaoidh@eos.net

Kent

Classes

Frances Acar

Classes by Skype

frances.acar@gmail.com

Oklahoma

Midwest City

Study Group

Barry Acker

bearachanse@yaho.com

Tulsa

Study Group

Adrian Martin

almarti6527@gmail.com

Texas

Hurst

Classes

David Gressett

jdgressett@hotmail.com

Fort Worth

Study Group

Jonquele Jones

jonquele@flash.net

Utah

Salt Lake City

Classes by Skype

Rachell Blessing

rachell-blessing@comcast.net

Virginia

Alexandria

Classes

Nick Freer

neacalban1@aol.com

Catlett

Local in-person and via Skype

Michael Mackay

mackay@progeny.net

Tidewater

Classes

Jason Wilson

wilsonsoxford@gmail.com

Washington

Seattle

Classes & Study Groups

Slighe nan Gàidheal

<http://www.slighe.com>

Canada

Ontario

Ottawa

Classes

Randaìdh Waugh

comunnghaidhligottawa@rogers.com

Toronto

Classes

CLUINN

www.torontogaelic.ca

Québec

Montréal

Study Group

Linda Morrison

linda@lindamorrison.com

FOR MORE information about these resources and for information on long-distance courses, short courses, and private instruction, see our web page at

<http://www.acgamerica.org/learn/classes>

For additions and corrections, contact Janice Chan, ruadh@idirect.com



ACGA Officers

President

Mike Mackay

mackay@progeny.net

Vice-President

Stephanie Carlyle

stephanaidh@madadh-ruadh.com

Treasurer

Jeanne Pendergast

jeanep99@yahoo.com

Bookkeeper

Megan Moffitt

gerhardherm@yahoo.com

Recording Secretary

Joyce Campbell

jyccmpbl@aol.com

Membership Secretary

Janice Chan

ruadh@idirect.com

Webmaster

Rudy Ramsey

rudy@ramsisle.com

Naidheachd Editor

Suzanne McDougal

somcdougal@gmail.com

AN NAIDHEACHD AGAINNE

An Naidheachd Againne is the quarterly newsletter of *An Comunn Gàidhealach Ameireaganach (ACGA)*. The newsletter is published in the Spring, Summer, Fall, and Winter. It is produced by the Publications Committee of ACGA.

Content Editor: Jeanne Pendergast,

jeanep99@yahoo.com

Layout Editor: Suzanne McDougal,

somcdougal@gmail.com

Contributing Editors:

Janice Chan, ruadh@idirect.com

Cam MacRae, cam.macrae70@gmail.com

Rudy Ramsey, rudy@ramsisle.com

Caroline Root, carolinevroot@gmail.com

An Naidheachd Againne welcomes submissions. Contact the editors for more information.